

## Lèirsinn agus Amasan Bun-sgoil Taobh na Pàirce

### Bun-sgoil Taobh na Pàirce Vision and Values

#### **Lèirsinn:**

#### **Vision:**

Àrainneachd ionnsachaidh den chàileachd as àirde, le cànan is cultar na Gàidhlig aig a cridhe, leinn uile ag obrachadh còmhla airson ar luachan a bhrosnachadh, agus airson soirbheachadh.

A learning environment of the highest quality, with Gaelic language and culture at its heart, where everyone works together to promote our values and to flourish.

#### **Luachan:**

#### **Values:**

#### **Altram:**

#### **Nurture:**

San sgoil againn, tha sinn a' tuigsinn gu bheil sinn uile mar dhìtheannan agus gun soirbhich sinn le altram.

In our school, we understand that like flowers and that, with nurture, we will flourish.

#### **Coimhearsnachd:**

#### **Community:**

San sgoil againn, tha sinn a' tuigsinn gu bheil sinn mar phàirt de choimhearsnachd na sgoile, coimhearsnachd Lìte, coimhearsnachd Ghàidhlig Dhùn Èideann is iomadh coimhearsnachd eile. Tha sinn a' tuigsinn gu bheil e cudromach a bhith cùramach ris na h-àiteannan sin, agus ris na daoine a th' annta.

In our school, we understand that we are part of the school community, Leith community, Edinburgh's Gaelic community and other communities too. We understand that it is important to care for these places, and the people within them.

### **Cruthachalachd:**

#### **Creativity:**

San sgoil againn, tha sinn a' tuigsinn gu bheil e cudromach a bhith cruthachail, tro cheòl, tro cheàird, a-muigh san àrainneachd, no ann an dòigh sam bith a tha ag obrachadh dhuinne.

In our school, we understand that it is important to be creative; through music, through craft, in the outdoors or any other way that works for us.

### **Glòir mhiann is sàr-mhathais:**

#### **Ambition and excellence:**

San sgoil againn, tha sinn a' tuigsinn gun tèid againn uile air gluasad air adhart gu ìre sàr-mhath, le cleachdadh, leantaileachd, sgilean-gnìomhachais is misneachd.

In our school, we understand that we can all progress to excellence, with practice, application, entrepreneurship and confidence.

### **Iomadachd:**

#### **Diversity:**

San sgoil againn, tha sinn a' tuigsinn gu bheil sinn uile diofraichte is sònraichte san dòigh againn fhèin. Tha sinn ag obair ann an dòighean cothromach is a' gabhail a-steach a h-uile duine.

In our school, we understand that we are all different and special in our own way. We work together in ways that are fair and inclusive.

### **Obair sgioba:**

#### **Teamwork:**

San sgoil againn, tha sinn a' tuigsinn gu bheil sinn nas treasa mar sgioba agus, mar sin, bidh sinn ag obair air sgilean co-obrachaidh, conaltraidh is co-rèiteachaidh.

In our school, we understand that we are stronger as a team and so we work on cooperation, communication and negotiation skills.

### **Saoranachd na Cruinne:**

#### **Global Citizenship:**

San sgoil againn, tha sinn a' tuigsinn gu bheil sinn uile mar phàirt de choimhearsnachd na cruinne, agus tha sinn ag obair airson ceartas, cothromachd is so-sheasmhachd.

In our school, we understand that we are all part of the global community, and we work towards equity, fairness and sustainability.

#### **Sunnd:**

#### **Wellbeing:**

San sgoil againn, tha sinn a' tuigsinn cho cudromach 's a tha sunnd; sunnd inntinneil, faireachdail, sòisealta is corporra. Bidh sinn ag ionnsachadh sgilean fèin-neart, ag obair is a' cluich còmhla ann an iomadh dòigh.

In our school, we understand how important wellbeing is; mental, emotional, social and physical wellbeing. We learn resilience skills, working and playing together in a range of ways.

#### **Urram is fèin-urram:**

#### **Respect and self-respect:**

San sgoil againn tha sinn a' tuigsinn gu bheil urram aig cridhe gach seòrsa conaltraidh, agus gu bheil urram a' tòiseachadh annainn fhèin.

In our school, we understand that respect is at the heart of all communication, and that respect starts with ourselves.